

Comataidh Lèirsinn

7/2/24, 0930-1230

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair) Rhoda NicDhòmhnaill
Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)

Lisa Annette [LA] (Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach)

Rowan NicPhàdraig [RN] (Oifigear Conaltraidh) – puingean 1-5

Scott Mac a' Ghobhainn [SS] (Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd) –
puingean 1-6)

Donaidh Dòmhnullach [DMD] (Ceannard Gnìomhachas) – puing 6

Laura Rennie [LR] (Comhairliche HR) – puingean 7-8

Sarah Dhòmhnullach [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaile) – puingean 7-8

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgriobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Iain Moireasdan.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (7/11/23) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas: aontaichte.

3.2 GAE – comharrachte.

4. Teicneòlas – planadh airson seisean AI

4.1 A' leantainn na coinneimh mu dheireadh, bha pàipear air beulaibh bhall le fios air adhartas a dh'ionnsaigh seisean deasbaid mu AI a chumail le luchd-ùidh ann an ofisean Ofcom.

4.2 Bha am pàipear a' sealltainn bun-bheachd cruthachail airson bhidio cruthaichte le AI.

- 4.3 Bhiodh am bhidio air a thaisbeanadh agus air a chleachdadh gus còmhradh a bhrosnachadh air cnapan-starra, buannachdan, cunnartan is eile ann a bhith a' cleachdadh Al gu cruthachail anns na meadhanan Gàidhlig.
- 4.4 Chaidh deasbad a chumail mu fòrmat an t-seisean, am briathrachas a bhathas a' cleachdadh ann na tuairisgeul an t-seisean agus na cunnartan agus na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann.
- 4.5 **Co-dhùnadh:** bha a' Chomataidh riaraichte.
- 4.6 **Gníomh:** (1) thèid an aithris an cois a' bhun-bheachd atharrachadh beagan; (2) thèid molaidhean a thaobh làthaireachd a chur air adhart airson aonta; agus (3) thèid deit sa Chèitean aontachadh le Ofcom. **(SS)**

5. Luchd-ùidhe

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs, agus chaidh dreachd meatraigs a shealltainn.
- 5.2 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear.
- 5.3 **Gníomh:** thèid *mapping* a chur ris a' mheatraigs airson na h-ath choinneimh far a bheil an àite aig diofar luchd-uidh ann an craoladh Gàidhlig soilleir, le fios mu na ceanglaichean a th' againn leotha a dh'fhaodadh fuasgladh a thoirt air amasan na buidhne, a' sealltainn taobhachas ro-innleachdail, le co-theacsa air dè thachair san ùine a chaidh seachad, le adhartas ga shealltainn gach cairteal. **(RN)**

6. Amasan agus Prìomh Thoraidhean

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur siostam OKR / APT (Objectives & Key Results / Amasan & Prìomh Thoraidhean) fa chomhair na Comataidh airson a' Phlana Bliadhnaill 2024-25.
- 6.2 Ged a bha siostam KPI feumail cha robh e a' ceangal nan comharran le na h-amasan.
- 6.3 An cois siostam APT/OKR, thèid siostam measaidh an luchd-obrach ùrachadh, a' cleachdadh bathar bog *Lattice*.
- 6.4 Tha *Lattice* a' cuideachadh mhanaidsearan gach mìos ann a bhith a' cur air dòigh còmhraidhean 1:1 cunbalach agus measaidhean mu choinneimh APT/OKRs pearsanta, gu mìosail agus ann an dòighean furasta agus feumail.
- 6.5 Bidh na 3 prìomh Amasan aig MG ALBA soilleir agus furasta:
 - + a' cruthachadh buaidh tro na meadhanan Gàidhlig;
 - + a' frithealadh Gàidheil uile;
 - + a' brosnachadh ionnsachadh Gàidhlig.

- 6.6 **Co-dhùnadh**: bha a' Chomataidh riaraichte.
- 6.7 **Gníomh**: thig pàipear air beulaibh bhall aig coinneamh a' Bhùird air 29/2/24. **(DC)**.

7. Luchd-obrach

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sìreadh comhairle nam ball air an tomhas a dh'fheumas a dhèanamh a thaobh cosgaisean a chumail teann agus a thaobh a bhith a' leasachadh MG ALBA airson na h-ama ri teachd.
- 7.2 Bu mhath leis a' bhuidheann, le deagh adhbharan, daoine ùra fhastadh gu MG ALBA. Tha obair atharrachaidh ri dhèanamh agus tha an luchd-cleachdaidh a b' àbhaist a bhith air telebhisean a-nis ma sgaoil air iomadach ùrlar agus inneal. Agus, tha obair margaidheachd agus "engagement" a-nis riatanach ann an dòigh nach robh e riamh roimhe.
- 7.3 Bha am pàipear, sa chìad dhol a-mach, a' sìreadh taic na Comataidh airson maoine a chur gu taobh airson dreuchdan ùra ann an 2024-25.
- 7.4 Bha am pàipear cuideachd a' mìneachadh an atharrachadh cultar a tha a' tachairt agus mar a thathas am beachd suirbhidhean luchd-obrach a cleachdad a ann an dòigh cunbalach thairis air gach bliadhna airson nithean leithid ìrean toileachais is cuideam (stress) a thomhas.
- 7.5 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte leis a' phlana airson fastadh, le aithne gu feumar coimhead a-rithist ris an dreuchd a thaobh Stiùiriche ùr gus an t-ainm agus an ròl fhaighinn dìreach ceart agus chaidh am pàipear a mholadh chun Bhùird.
- 7.6 **Gníomh**: thig pàipear chun Bhùird. **(DC)**

8. Sgrùdadh Phoileasaidhean

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh
- + gu feumar poileasaidh àrdachaidh pàighidh a mholadh don Bhòrd gach bliadhna; agus
 - + gu robh ùrachadh 3-bliadhnaile de Phoileasaidh Fastaidh agus Sgeama Peinnsein & Sochairean ri mheasadh.

Poileasaidh pàighidh

- 8.2 Bha pàipear air beulaibh bhall le modail airson àrdachadh pàighidh airson 2024-25 a bha faisg air a' mhodail a chaidh aontachadh airson 2023-24, le àrdachadh cuibheasach (average) de 3.2% airson 2024-25 an coimeas ri 4.5% airson 2023-24. Chaidh deasbad a chumail.
- 8.3 Bha aithne ann gu feumar a bhith mothachail a thaobh tuarastalan aig ìrean tòiseachaidh an coimeas tuarastalan luchd-obrach a tha air a bhith aig a' bhuidheann fad ùine.

- 8.4 **Co-dhùnadh**: dh'aontaich a' Chomataidh ris na bh' air am beulaibh agus thèid seo a mholadh chun Bhùird.
- 8.5 **Gníomh**: thig pàipear chun Bhùird. **(DC)**

Poileasaidh Fastaidh

- 8.6 Bha am poileasaidh, a chaidh a mheasadh agus ris an deach atharrachaidhean beaga a dhèanamh, air beulaibh na Comataidh.
- 8.7 Bha beachd ann gum biodh e cuideachail pìos mu 'blind recruiting' aig èire geàrr-liosta a chur ris.
- 8.8 **Co-dhùnadh**: an dèidh an atharrachadh mar aig 8.7, dh'aontaich a' Chomataidh ris a' phoileasaidh.
- 8.9 **Gníomh**: thèid am poileasaidh fhoillseachadh mar a bhios iomchaidh. **(MAMI)**

Sgeama peinnsein agus sochairean eile

- 8.10 Bha pàipear air beulaibh bhall le measadh air Sgeama peinnsein agus sochairean eile far an robhas san fharsaingeachd a' measadh nach eil na sgeamaichean feumach air atharrachadh.
- 8.11 Thèid beachdachadh air 1) comas is miann airson sgeama ceannach EV (electric vehicle) tro "salary sacrifice" airson luchd-obrach **(MMD)**; 2) bithear a' coimhead air deuchainnean slàinte simplidh a thabhan mar phàirt de phrògram "wellbeing" **(MMD)** agus 3) thèid rannsachadh a dhèanamh air a bheil an sgeama peinnsein co-fharpaiseach. **(SMD)**
- 8.12 **Co-dhùnadh**, dh'aontaich a' Chomataidh ris a' mheasadh.
- 8.13 **Gníomh**: tillear chun Chomataidh le fios a bharrachd mu dheidhinn na puingean aig 8.11. **(MAMI)**

9. Amasan an Àird-Oifigeir

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' cur Amasan an Àird-Oifigeir (air an aontachadh gach bliadhna leis a' Chathraiche, le taic na Comataidh agus a' Bhùird) air beulaibh na Comataidh airson beachd agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 Bha ceist aig buill na Comataidh an robh an AO air a thaiceachadh gu leòr gus na h-amasan a choileanadh, le faireachdainn ann gu bheil feum air cuid de na h-uallachaidhean a thoirt seachad chun Stiùiriche ùr a thèid fhastadh.
- 9.3 Bha aonta ann gun cuidich an atharrachadh cultar a thathas a' cur an sàs an-dràsta, le feum air daoine ag obair aig an èire iomchaidh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil tiomnadhlùghdarrais ann air cuid a stuth.

9.4 Bha beachd ann gu feumar coimhead ri mar a tha na h-amasan air an sealltainn, ie, a' dùnamh sgaradh air an fheadhainn a tha fo smachd na buidhne agus fo smachd cùisean bhon taobh a-muigh.

9.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

9.6 **Gníomh:** gheibh Cathraiche na Comataidh falalair Cathraiche a' Bhùird. [\(MS\)](#)

10. Fastadh bhall

10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh suidheachadh ballrachd a' Bhùird.

10.2 Le àireamh nam ball a' seasamh aig 6 + an cathraiche, chaidh innse gu bheil Ofcom a' fastadh triùir bhall ùr, le taic bhon Chathraiche.

10.3 Chaidh innse gun do chùm an Cathraiche agallamhan air 5 agus 6 Gearran agus gum bi Ofcom a' moladh triùir bhall ùr san ùine a tha romhainn, le measgachadh chomasan agus ghnèithean.

10.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte agus thèid coimhead ri meatraigs sgilean a' Bhùird an dèidh buill ùra a bhith air an cuir an sàs.

11. Riaghlassa na Comataidh

11.1 Bha plana-obrach na Comataidh 2024/25 air beulaibh na Comataidh airson beachd agus chaidh deasbad a chumail.

11.2 **Co-dhùnadh:** le atharrachadh beag no dhà, agus le "Minority Language Media + Marketing and discoverability" a bhith air a chur dhan phlana fo Horizon Scanning airson coinneamh a' Chèitein, bha buill riaraichte.

11.3 **Gníomh:** thèid am plana-obrach air beulaibh na Comataidh sa Chèitean (cuide ri Aithisg na Comataidh airson 2023/24 agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2023/24). [\(MAMI\)](#)

12. GISBE

12.1 Cha robh gin.

13. Deit na h-ath choinneimh – 21/5/24

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: